

12 Cèitean 2026

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Ghearran 2026, thadhail sgioba de Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Mhalaig. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Ann am Foghlam Meadhan Beurla agus Gàidhlig bho aois 3-12, tha cultar coibhneil agus in-ghabhaltach ann airson chlann. Tha cha mhòr a h-uile pàiste a' faighinn buannachd bho dhàimhean àrachail le luchd-obrach a tha a' cumail taic ri sunnd.
- Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla airson aoisean 3-12, bidh clann a' dol an sàs gu math ann an cothroman airson spòrs, ceòl, cànan agus cultar. Tha sin a' cur ri misneachd, fileantachd na cloinne agus ris an fhaireachdainn aca gu bheil iad nam buill chudromach den choimhearsnachd ionadail agus den choimhearsnachd Ghàidhlig.
- Anns an t-seòmar-cluiche airson Foghlam Meadhan Beurla is Gàidhlig, gheibh clann ionnsachadh beartach, a tha stèidhichte air cluich, a tha air a phlanadh gu math, a-staigh, air a' bhlàr a-muigh agus sa choimhearsnachd. Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, libhrighidh an luchd-obrach seo uile tro Ghàidhlig fhileanta.
- Mun àm a ruigeas iad BS7, bidh clann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' sealltainn ìrean àrda de dh'fhileantachd agus misneachd ann a bhith a' bruidhinn Gàidhlig. Thar nan diofar ìrean, bidh clann a' cleachdadh briathrachas speisealach gu furasta agus tha iad nan luchd-labhairt Gàidhlig brosnachail ann an suidheachaidhean fìor-bheatha.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha iad seo a' buntainn ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Meadhan Beurla.

- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus luchd-obrach dòigh-obrach cho-roinnte a thogail airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a bhios a' stèidheachadh dùilean àrda gu cunbhalach agus a' toirt seachad ionnsachadh proifeasanta agus fios-air-ais brìoghmhor dhan luchd-obrach. Bu chòir seo togail air na neartan a th' ann mar-thà ann an ionnsachadh, teagasg, measadh agus bogadh.
- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus luchd-obrach cumail orra a' togail coileanadh na cloinne le fòcas nas gèire air sgrìobhadh, ionnsachadh ann an curraicealam farsaing agus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh aig an ìre iomchaidh airson gach pàiste.
- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach èifeachdach ann gus pàrantan a thoirt a-steach dhan ionnsachadh agus ann a

bhith a' cumail taic ri leasachadh na sgoile. Bu chòir seo pàrantan a chuideachadh gus draghan mu dhreuchdan bàna a thoirt air adhart.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tional mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo measadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Mhalaig.

Slatan-tomhais deagh-ghnè airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh eagraan) Eàrr-radh 3: An sgèile sia-puing	

Chruinnich sinn fianais gus obair Tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na sgoil-àraich a mheasadh le bhith a' cleachdadh trì slatan-tomhais deagh-ghnè bhon [Fhrèam leasachaidh càileachd airson roinnean an tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne](#).

Slatan-tomhais deagh-ghnè airson a' chlas sgoil-àraich	Luachadh
Curraicealam	glè mhath
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
Sunnd, In-ghabhaltachd agus cothromas	glè mhath

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn HMIE aig: [Bun-sgoil Mhalaig | Aithisg Sgrùdaidh | Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ann an Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithriseadh air mathas nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim ann an Alba.